**Bòrd na Gàidhlig**

Brath Naidheachd
*Press Release*

***Please scroll down for English Version***

# BÒRD NA GÀIDHLIG AG AMAS AIR COLUADAR AGUS CO-CHOMHAIRLEACHADH

**23 An Giblean 2009**

Tha a' bhuidheann leasachaidh Bòrd na Gàidhlig air aire choimhearsnachd na Gàidhlig a tharraing gu co-chomhairleachadh agus cho cudromach is a tha sin do sheasamh is leasachadh a' chànain anns na bliadhnaichean romhainn.

Tha grunn de bhuidhnean nàiseanta, 'nam measg Riaghaltas na h-Alba an dràsta an coluadar leis a' mhòr-shluagh mu na planaichean agus rùintean aca airson na Gàidhlig. Tha cuid de na buidhnean sin a' cur gnothaichean air adhart fo Achd na Gàidhlig, ach tha cuid eile ann a tha ri adhartas agus a' cumail taic ris a' Ghàidhlig air an ceann fhèin. Tha am Bòrd a-nis air aire a tharraing chun innleachd a tha an luib sin airson a bhith ag adhartachadh na Gàidhlig agus a' cuideachadh nam buidhnean sin airson an rùintean a choileanadh, agus taic a chumail ris a' Ghàidhlig.

A-measg nam buidhnean a tha an dràsta ri co-chomhairleachadh tha Comhairle Maoineachaidh an h-Alba, an SFC, a' bhuidheann nàiseanta a tha a' dèiligeadh ri ionmhas poblach ann an colaistean agus Oilthighean na dùthcha. Tha an SFC a' sireadh bheachdan bhon mhòr-shluagh air na planaichean a th'aca fhèin airson na Gàidhlig air feadh Alba.

Thuirt Mark Batho, Àrd Stiùiriche an SFC: "Tha a' Chomhairle gu mòr airson cluinntinn bho dhaoine mu dhòighean anns am b'urrainn dhuinn cothroman ionnsachaidh a leasachadh tro na cùrsaichean a tha sinn a' maoineachadh ann an diofar ionadan foghlaim. Tha sinn cuideachd airson faighinn a-mach ciamar a b'urrainn dhuinn ceanglan nas dlùithe agus nas èifeachdaiche a dhèanamh le buidhnean foghlaim, oileanaich agus a' mhòr-shluagh ann a bhith ri coluadar anns an fharsainneachd. Bu mhath leinn gum biodh barrachd aithne air a thoirt dhan Ghàidhlig agus dhan chultar anns an obair a tha sinn a' cur air adhart mar bhuidheann poblach. Tha sinn a' toirt cothrom do dhaoine tron làrach- lìn againn wwww.sfc.ac.uk beachdan a chur thugainn, agus bidh coinneamh phoblach againn ann an Glaschu air Dluian an 27mh dhen Ghiblean a dheasbad agus a chòmhradh mu na molaidhean againn."

www.gaidhlig.org.uk
Fòn: 01463 225 454

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
*Press Release*

A' cur fàilte air an naidheachd, thuirt cathraiche Bhòrd na Gàidhlig Art MacCarmaig: "Tha a' Chomhairle Maoineachaidh rim moladh airson a dhol an-sas ann an coluadar le coimhearsnachd na Gàidhlig anns an dòigh seo. Tha e a nis cudromach gun gabh coimhearsnachd na Gàidhlig, na h-ionadan foghlaim agus buidhnean eile, an cothrom a th'air a thairgse dhaibh. 'S e ceum gu math cudromach agus adhartach a tha seo agus mholainn do dhaoine agus do bhuidhnean a tha taiceil dhan Ghàidhlig am beachdan a chur a-staigh chun SFC, agus gu dearbh chun h-uile buidheann eile a tha a' cur ceumanan mar seo air adhart. Seach gu bheil na buidhnean seo a' gluasad air an rathad, tha còir againn a bhith a' gabhail a' cheum còmhla riutha agus 'gan cuideachadh. Tha e math gu bheil iad mothachail air na feumalachdan a th'againn agus a' cumail taic ris a' Phlana Nàiseanta airson na Gàidhlig agus a' cur ri beòthalachd is cultar na h-Alba anns an fharsainneachd."

Ma than neach sam bith le ùidh anns an tachartas aig an SFC an Glaschu air 27 Giblean, a tha saor agus an asgaidh, bu chòir dhuibh tadhal air an làrach www.sfc.ac.uk, anns an earrann air naidheachdan.

Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh le fònadh gu 0131 313 6570 no le teachdaireachd gu lpsadmin@sfc.ac.uk

**Airson barrachd fiosrachaidh mu ghnothach sam bith an luib an naidheachd seo, cuir fios gu Uisdean MacIllInnein air 0751 528 7040.**

**Bòrd na Gàidhlig**

Brath Naidheachd
*Press Release*

# BÒRD NA GÀIDHLIG SUPPORT FOCUS ON CONSULTATIONS

**23 April 2009**

Bòrd na Gàidhlig, the Gaelic development agency, has stressed the importance of responding to formal consultations on Gaelic plans in terms of securing a sustainable future for the language.

A number of influential national agencies, including the Scottish Government, are currently consulting on their proposals for Gaelic plans. Some organisations are undertaking this work as part of their designation under the Gaelic Language Scotland Act (2005) and others are doing it as part of their general commitment to the language and in the interests of the communities and audiences they engage with.
Amongst the bodies currently engaging in the process of consulting with Gaelic communities and other interested parties is The Scottish Funding Council (SFC), the national body that invests public money in colleges and universities. The SFC is currently looking to the Gaelic-speaking community for their views on their plans to develop the language through its work throughout Scotland.

Mark Batho, Chief Executive of the Scottish Funding Council, said: "The SFC is keen to learn how people would like it to improve Gaelic learning opportunities through the colleges and universities it funds. It also wants to know how it might introduce more Gaelic into its communications with educationalists, students and the wider public and how it can promote greater awareness of the language and culture through its activities as a public body. We are holding an open consultation on our web site www.sfc.ac.uk until 8 May and we would like members of the Gaelic community to attend a consultation event in Glasgow on Monday 27 April to come and discuss what we are proposing."
Arthur Cormack, Chair of Bòrd na Gàidhlig, said: "The SFC are to be commended on the way they are engaging with the Gaelic community on their proposals and it is important now that the Gaelic community returns that interest by commenting on their plans. This is a very positive step and I would encourage Gaelic groups and individuals who are supportive of the language to make their views know to the SFC and all the other agencies who are taking similar positive steps, having recognised the value of Gaelic to the own activities and also as a party of Scotland's rich cultural landscape."

People wanting to contribute their views to the consultation or to register for the SFC event, which is free of charge, should visit the SFC's website at www.sfc.ac.uk and go to the news section.

www.gaidhlig.org.uk
Fòn: 01463 225 454

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
*Press Release*

Further information is also available by phoning 0131 313 6570 or by emailing lpsadmin@sfc.ac.uk .

**For further information on the Bòrd na Gàidhlig aspects of this news release, please contact Hugh Dan MacLennan on 0751 528 7040 or Stephen Crowe, Head of Corporate Communications & External Relations Scottish Funding Council, on 0131 313 6612, 07710 169702**